

Daoine agus an àrainneachd

Tha an àrainneachd a' toirt mòran bhuannachdan dhuinn, mar an èadhar, ar biadh agus an t-uisge a bhios sinn ag òl, a bharrachd air a liuthad seòrsa stuth a dh'fheumas sinn nar dachannan, aig ar n-obair agus airson cur-seachad. Tha tòrr a' tighinn bhon àrainneachd, agus chan eil sinn a' smaoinneachadh air na pàirtean ceimigeach, fiosaigeach agus bith-eòlach. Mar eisimpleir faodaidh nàdar bacadh a chur air tuileachadh le bhith a' stòradh uisge. Faodaidh e an àrainneachd a chumail glan le bhith a' pròiseasadh stuthan truailidh, agus faodaidh e toileachas is togradh a thoirt dhuinn agus a bhith na àite san coinnich sinn daoine eile. Tha an àrainneachd glè thrì air a manaidseadh airson bathar a ghabhas reic a thoirt aiste no a chruthachadh – uaireannan aig cosgais bhuannachdan eile a tha a cheart cho cudromach.

'S e an àrainneachd a bhios a' toirt cumadh air na bailtean is na mòr-bhailtean, làraich eachdraidheil, cothroman chur-seachadan agus iomadh cùis co-cheangailte ri ar slàinte.

Staid

Tha faisg air 70% de shluagh Alba a' fuireach ann am bailtean. Tha a' mhòr-chuid dhiubh sin dhen bheachd gur e àite "uabhasach math" a tha san nàbachd aca airson fuireach ann. Ach tha neo-ionannachd slàinte ann an Alba gu math truagh, agus ma bheirear piseach air càileachd na h-àrainneachd, cuidichidh sin a' lùghdachadh na neo-ionannachd.

Tha e math do ar slàinte is ar sunnd ma bhios sinn a' gabhail pàirt ann an cur-seachadan a-muigh. A bharrachd air a bhith a' toirt cothroman airson chur-seachadan a-muigh, tha an àrainneachd gun shamhail ann an Alba a' cur gu mòr ri càileachd ar beatha, fèin-aithne chultarail agus ri foghlam.

Thathar a' dèanamh adhartas le bhith a' lùghdachadh sgudal agus a bhith ag ath-chuartachadh barrachd ann an Alba; chaidh na th' againn de sgudal sìos 40% bho 2005 (air sgàth lùghdachaidh ann an sgudal gnìomhachais is malairt gu h-àraidh), agus tha ath-chuartachadh sgudal nan taighean air dùblachadh bho 2004.

Ach tha sinn fhathast a' cur tòrr sgudail gu lagaisean talmhainn, agus feumaidh sinn tuilleadh lùghdachaidh a thoirt air sgudal ma tha sinn a' dol a dhion na h-àrainneachd agus a' dol a ghleidheadh stòrasan prìseil.

Dùbhlain

'S e am prìomh dhùbhlain cothromachadh seasmhach fhaotainn eadar feumalachdan sa gheàrr-ùine agus a bhith a' cumail suas no a' toirt piseach air càileachd na h-àrainneachd dha na ginealaich ri teachd.

Freagairt

Le bhith a' manaidseadh na h-àrainneachd ann an dòighean a bheir dhuinn na buannachdan a tha sinn a' sireadh, dh'fhaodadh gum bi sinn a' lùghdachadh a comais air nithean eile a thoirt dhuinn, ach le bhith a' manaidseadh na h-àrainneachd thèid againn air piseach math a thoirt air càileachd ar beatha.